Plana Nàiseanta Na Gàidhlig

2023-28

Gàidhlig

Toilichte conaltradh a dhèanamh ann an Gàidhlig no Beurla

Happy to communicate in Gaelic or English

Clàr-innse

1. Lèirsinn.....4

2. PNG, 2023-28 4

3. Co-theacsa 5

4. Cò dha a tha am Plana seo? 7

5. Amasan, Raointean Prìomhachais, Targaidean 8

6. PNG, 2018-23 23

Tha e na thoileachas mòr dhomh fàilte a chur air foillseachadh Plana Nàiseanta na Gàidhlig airson nam bliadhnaichean 2023 gu 2028. Gun teagamh, feumar prìomhachasan agus targaidean soilleir airson brosnachadh na Gàidhlig ann an Alba. Tha am Plana seo, a chaidh ullachadh le Bòrd na Gàidhlig agus aontachadh le Ministearan na h-Alba, a' toirt dhuinn nam prìomhachasan agus targaidean a dh'fheumar gus barrachd adhartais a dhèanamh leis a' Ghàidhlig ann an Alba. Tha am Plana seo a' tighinn aig àm chudromach oir chaidh Bile nan Cànan Albannach a thoirt a-steach do Phàrlamaid na h-Alba agus tha Riaghaltas na h-Alba a' beachdachadh air aithisg buidheann-obrach Gheàrr-bheatha air Cothroman Eaconamach is Sòisealta dhan Ghàidhlig. Mar sin, thug na pìosan obrach cudromach seo buaidh air a' phlana.

Tha brosnachadh na Gàidhlig na uallach co-roinnte. Is urrainn tòrr ùghdarrasan ionadail agus buidhnean poblach cur gu mòr ri taic dhan Ghàidhlig agus tha iad a' dèanamh sin. Tha na prìomhachasan sa Phlana seo a' cuideachadh gus fòcas a thoirt air na gealltanasan co-roinnte seo thar grunn roinnean ann am beatha phoblach na h-Alba. Tha Bòrd na Gàidhlig air prìomhachasan agus targaidean a liostadh co-cheangailte ris an dachaigh, a' choimhearsnachd, na gnìomhachasan cruthachail, gnìomhachas agus eaconamaidh, foghlam, ionnsachadh às dèidh ìre na sgoile agus beatha phoblach na h-Alba san fharsaingeachd. Tha gnìomhachd Ghàidhlig a' dol air adhart anns a h-uile roinn seo mar-thà agus tha mi cinnteach gun dèan am Plana seo cinnteach gum bi barrachd adhartais ann sna bliadhnaichean ri teachd.

Tha sinn a' togail air an adhartas a rinneadh a thaobh na Gàidhlig anns na beagan dheicheadan mu dheireadh ach tha e soilleir gu bheil tòrr ann ri dhèanamh fhathast. Co-dhiù tha thu an sàs sa Ghàidhlig gu pearsanta, mar theaghlach, coimhearsnachd no ann an dreuchd chorporra. Tha mi misneachail gun cuir am Plana seo ri adhartachadh leantainneach na Gàidhlig ann an Alba oir tha e na dheagh chothrom airson co-obrachadh gus taic a thoirt dhan Ghàidhlig. Bu toil leam Bòrd na Gàidhlig a mholadh airson farsaingeachd de phrìomhachasan a thoirt còmhla a thogas air obair a' Phlana mu dheireadh agus a nì cinnteach gun dèanar barrachd adhartais dhan Ghàidhlig air feadh na h-Alba.

Jenny Gilruth, Rùnaire a' Chabineit airson Foghlam agus Sgilean, Riaghaltas na h-Alba

Aig àm nuair a tha an ceathramh Plana Nàiseanta a' tòiseachadh, tha sinn dòchasach airson ar cànan, stèidhichte air an adhartas mhòr a rinn a h-uile duine a tha an sàs ann an leasachadh na Gàidhlig aig ìre nàiseanta, ionadail agus coimhearsnachd fon phlana a bh' ann roimhe. Chan eil sin ri ràdh nach eil sinn a' tuigsinn cho mòr 's a tha an obair a tha romhainn ge-tà, agus sinn a' feuchainn ri ar cànan ath-bheothachadh air feadh na h-Alba agus fàs fhaicinn anns an àireimh dhaoine a tha a' bruidhinn, a' cleachdadh, ag ionnsachadh agus a' toirt taic dhan chànan.

Dh'aithris Suirbhidh Beachdan Sòisealta na h-Alba (SBSA) san Ògmhios 2022 na leanas:

- Tha an àireamh de dhaoine ann an Alba as urrainn beagan Gàidhlig a bhruidhinn air dùblachadh anns an deich bliadhna a dh'fhalbh.
- Tha a' chuibhreann de dhaoine a tha ag ràdh gun urrainn dhaibh co-dhiù corra fhacal Gàidhlig a bhruidhinn air dùblachadh bho 15% ann an 2012 gu 30% an-diugh.
- Lorg suirbhidh 2021 gum bu toil le còrr air an dàrna leth den fheadhainn dhan dheach fhaighneachd san t-suiribhidh àrdachadh fhaicinn san àireimh de luchd-labhairt Gàidhlig ann an Alba san àm ri teachd, le 56% ag aontarachadh ris a' bheachd sin.
- Thathar a' creidsinn gu bheil daoine òga, an fheadhainn aig a bheil barrachd eòlais air a' Ghàidhlig, agus an fheadhainnn a tha air barrachd fhaicinn no cluinntinn den chànan uile am measg nam prìomh fhactaran co-cheangailte ri fàs a' chànain. Tha an suirbhidh a' sealltainn gu bheil beachdan fàbharach nas dualtaiche a bhith aig daoine a tha air Gàidhlig fhaicinn no a chluinntinn.
- Tha SBSA cuideachd ag ainmeachadh gluasad mòr ann am beachdan a thaobh foghlaim. Tha còrr air an dàrna leth den fheadhainn dhan deach fhaighneachd san sgrùdadh (55%) den bheachd gum bu chòir Gàidhlig a theagasg do gach pàiste ann an Alba eadar còig agus 15 bliadhna a dh'aois mar chuspair sgoile airson eadar uair is dà uair a thìde san t-seachdain. Tha seo na àrdachadh mòr bho dhìreach 38% a' toirt taic dhan bheachd seo ann an 2012.
- Tha a' Ghàidhlig cuideachd a' cur ri sunnd, le 70% de dh'inbhich ag ràdh gu bheil ionnsachadh na Gàidhlig a' toirt faireachdainn de choileanadh do dhaoine.

Tha raon de phrìomh bhuidhnean poileasaidh is lìbhrigidh ann, a tha a' cur ri fàs is leasachadh na Gàidhlig.

Tha neart cleachdadh na Gàidhlig anns na prìomh choimhearsnachdan Gàidhlig sna h-eileanan agus san Iar-thuath dhùthchail a' sìor chrìonadh ge-tà agus tha buaidh iomallachaidh cànain fhathast a' toirt buaidh air na coimhearsnachdan sin. Tha feum aig na dùbhlain seo air fuasglaidhean coileanta a tha a' gabhail a-steach solar thaighean air prìs reusanta, obraichean le pàigheadh math agus bun-structar conaltraidh is còmhdhail nas fheàrr – teachdaireachd a chaidh a chur an cèill sa Phlana Nàiseanta mu dheireadh. Tha neartachadh agus ath-bheothachadh na Gàidhlig a' toirt dhuinn fòcas

dhan fhreagairt choileanta a tha a dhìth gus na coimhearsnachdan sin ath-bheothachadh. Tha e cuideachd a' dol nas fhaide na tha e comasach dhan Phlana Nàiseanta a lìbhrigeadh, ach tro chom-pàirteachas agus a bhith a' filleadh feumalachdan na Gàidhlig agus a coimhearsnachdan a-steach do dhèanamh phoileasaidhean aig ìre nàiseanta, faodar adhartas a dhèanamh.

Tha Adhartas nas luaithe (Faster Rate of Progress), iomairt chruth-atharrachail air a stiùireadh le Ministearan na h-Alba, air buidhnean nàiseanta agus prìomh ùghdarrasan, aig a bheil planaichean Gàidhlig, a thoirt còmhla gus sruthan-obrach adhartachadh agus prìomh ghealltanasan Gàidhlig a lìbhrigeadh tro cho-obrachadh. Tha Plana Nàiseanta nan Eilean a' cur fòcas làidir air a' Ghàidhlig agus tha e a' gabhail a-steach prìomhachasan airson na Gàidhlig agus prìomhachasan sòisealta, eaconamach agus bun-structair nas fharsainge a tha cudromach do bheatha sna h-eileanan far a bheil Gàidhlig ga bruidhinn.

Tha a' Ghàidhlig na stòras nàiseanta agus tha am plana seo ag amas air adhartas a lìbhrigeadh airson leasachadh na Gàidhlig, a bharrachd air a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig mar stiùir sòisealta, eaconamach agus cultarail air feadh na h-Alba.

Màiri NicAonghais, Cathraiche Bhòrd na Gàidhlig

Ar Lèirsinn airson 2023-2028

Leudachadh a ghabhas tomhas san àireimh dhaoine a tha a' bruidhinn, ag ionnsachadh, a' cleachdadh agus a' toirt taic dhan Ghàidhlig.

Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2023-28

Tha am Plana seo a' cur an cèill far a bheil ceumannan a dhìth gus a' Ghàidhlig a neartachadh ann an Alba. Tha e mar bhunait dhan àrd-amas aig Riaghaltas na h-Alba àrdachadh fhaicinn ann an àireamh nan daoine a tha a' bruidhinn, ag ionnsachadh, a' cleachdadh agus a' cumail taic ri Gàidhlig ann an Alba.

Tha Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 ("Achd 2005") ag iarraidh air Bòrd na Gàidhlig Plana Nàiseanta Gàidhlig ullachadh agus a chur a-steach le molaidhean co-cheangailte ri cleachdadh agus adhartachadh na Gàidhlig le fòcas air feumalachdan agus prìomhachasan na Gàidhlig airson a luchd-labhairt, luchd-ionnsachaidh, agus luchd-taic. Fo Achd 2005 feumaidh Bòrd na Gàidhlig Plana Nàiseanta Gàidhlig ullachadh ach tha e an urra ri grunn ùghdarrasan, bhuidhnean agus choimhearsnachdan na h-amasan is targaidean sa Phlana seo a thoirt air adhart.

Thèid mòran de na gealltanasan a chur an gnìomh le ùghdarrasan poblach tro na Planaichean Gàidhlig aca fhèin, thèid cuid a thoirt air adhart le Bòrd na Gàidhlig agus thèid cuid eile a chur an gnìomh le teaghlaichean, coimhearsnachdan, agus leis an roinn phrìobhaidich. Bidh soirbheas a' Phlana a rèir na h-ìre de dhealas, co-obrachadh, tasgadh agus de ghnìomhachd a thèid a choileanadh leotha uile.

Seo an ceathramh Plana Nàiseanta na Gàidhlig bho chaidh Achd 2005 aontachadh. Tha gach Plana a' togail air adhartas a rinneadh sna planaichean mu dheireadh agus tha e air a sgrìobhadh gu sònraichte airson an t-suidheachaidh làithrich. Gus am Plana seo ullachadh, chaidh raon farsaing de chòmhraidhean agus cho-chomhairlean a chumail agus chaidh pròiseas co-chomhairleachaidh poblach foirmeil a chumail a rèir na h-Achd 2005.

Co-theacsa a’ Phlana seo

Is e plana airson fàs a tha seo, agus togaidh e air soirbheasan nam bliadhnaichean a dh’fhalbh agus bheir e aghaidh air na dùbhlain mu choinneamh na Gàidhlig a tha fhathast romhainn.

Bho dheireadh an 20mh linn agus stèidheachadh Pàrlamaid na h-Alba tha adhartas math air a bhith ann. Tha Achd 2005, Achd nan Sgoiltean (Co-chomhairleachadh) (Alba) 2010, Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016 agus Achd Conaltraidh Riaghaltas na RA 2003 uile air cur ri bhith a’ cruthachadh agus a’ toirt taic do bhunait shusbainteach airson adhartas is leasachadh dhan Ghàidhlig.

A’ togail air seo tha grunn ùghdarrasan ionadail Albannach cuideachd air deagh iomairtean a chur an sàs an dà chuid tro Fhoghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (FtG) agus tro na gealltanasan sna planaichean Gàidhlig aca. A bharrachd air seo, tha farsaingeachd de bhuidhnean poblach a tha ag obair ann an diofar roinnean, a’ cur gu mòr ris a’ Ghàidhlig ann an diofar roinnean.

Tha an obair seo aig ùghdarrasan agus buidhnean a’ faighinn taic bho bhuidhnean Gàidhlig sònraichte: Bòrd na Gàidhlig agus MG ALBA agus farsaingeachd de bhuidhnean maoinichte a’ gabhail a-steach Comunn na Gàidhlig (CnaG), Stòrlann, Sabhal Mòr Ostaig, Fèisean nan Gàidheal, An Comunn Gàidhealach, Ceòlas, Comhairle nan Leabhraichean agus barrachd. Tha barrachd taic ro-chudromach dhan Ghàidhlig a’ tighinn bho bhuidhnean coimhearsnachd, buidhnean dualchais, urrasan coimhearsnachd agus companaidhean riochdachaidh neo-eisimeileach agus bho chuid eile san roinn phrìobhaidich.

Gheibhear gnìomhachd Ghàidhlig a-nis ann an iomadh roinn leithid foghlam sgoile, foghlam adhartach is àrd-ìre, anns na meadhanan agus craoladh, ann an turasachd, ann am foillseachadh, ann an dualchas, sna h-ealainean agus ann an ionnsachadh inbheach is coimhearsnachd. Tha iad seo ro-chudromach dhan chànan agus cruthaichidh iad cothroman airson cleachdadh na Gàidhlig. Rinneadh beagan adhartais ro-chudromach ann a bhith ag aithneachadh cho cudromach ’s a tha cùisean eaconamach agus bun-structair dhan Ghàidhlig. Tha lìonraidhean agus structaran ag obair ann am mòran roinnean de bheatha phoblach, phrìobhaideach agus coimhearsnachd a-nis leis an amas a bhith a’ toirt taic dhan Ghàidhlig agus a bhith ga brosnachadh.

Tha fianais shoilleir ann gu bheil iomairtean leasachaidh a’ toirt piseach air cùisean. Tha Gàidhlig mar-thà a’ beartachadh beatha làitheil muinntir na h-Alba agus dhaoine nas fhaide air falbh. Tha i a’ cruthachadh bhuannachdan, an dà chuid sòisealta agus eaconamach, agus a’ cur ri sunnd airson luchd-cleachdaidh, luchd-ionnsachaidh agus luchd-taic, air feadh na h-Alba agus gu h-eadar-nàiseanta. Tha a’ mhòr-chuid de dh’ùghdarrasan ionadail a-nis a’ toirt seachad, no a’ planadh airson a bhith a’ toirt seachad FtG. Tha na h-àireamhan a tha a’ gabhail pàirt ann am FtG, a bharrachd air an fhàs ann an luchd-ionnsachaidh inbheach, uile nan sàr-choileanaidhean agus tha iad a’ dearbhadh gu bheil iarrtas a bharrachd ann airson na Gàidhlig. Tha fàs ann am faicsinneachd agus cleachdadh na Gàidhlig uile a’ cur ri fàs ann am beachdan taiceil.



Dùbhlain

Tha dùbhlain nach beag fhathast ron Ghàidhlig. Tha feum air brosnachadh, taic agus fàs a bharrachd aig gach ìre de dh'fhoghlam Gàidhlig. Tha leudachadh air FtG bho thràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne chun na h-ìre as àirde a' cruthachadh dhùbhlain a thaobh ruigsinneachd, goireasan, fastadh thidsearan agus caiteachas calpa. Tha feum cuideachd air adhartas do luchd-ionnsachaidh inbheach gus dèanamh cinnteach gu bheil solar ann do luchd-ionnsachaidh gus an urrainn dhaibh adhartas a dhèanamh agus a bhith a' fàs fileanta.

Tha dùbhlan ann cleachdadh na Gàidhlig a chumail suas ann an dachaighean agus coimhearsnachdan. Tha ìre cleachdadh na Gàidhlig air a bhith a' crìonadh ann an coimhearsnachdan Gàidhlig traidiseanta anns na h-eileanan agus ann an sgìrean dùthchail anns an iar-thuath. Tha an dùbhlan ann cuideachd a bhith a' cumail suas agus a' toirt fàs air àireamhan an t-sluaigh ann an coimhearsnachdan traidiseanta Gàidhlig agus a bhith a' dèanamh cinnteach aig an aon àm gun tèid a' Ghàidhlig a neartachadh sa phròiseas seo. Bhathar riamh ag aithneachadh gu bheil dòighean-obrach eadar-dhealaichte a dhìth anns na coimhearsnachdan sin agus feumaidh sin leantainn. Feumaidh na dùbhlain seo fuasglaidhean a tha a' gabhail a-steach taighean air prìs reusanta, obraichean le pàigheadh math agus bun-structar conaltraidh is còmhdhail nas fheàrr. Agus tha feum air goireasan agus buidseatan Gàidhlig gus taic a thoirt dhan ghnìomhachd seo agus gus dèiligeadh ris na dùbhlain ann an coimhearsnachdan Gàidhlig.

Cothroman

Am measg nan cothroman againn, tha an deagh bhunstructar de bhuidhnean agus pròiseactan Gàidhlig a th' againn a-nis a tha a' faighinn taic bhon riaghaltas agus bho thaic thar-phàrtaidh sa Phàrlamaid. Tha e math cuideachd gu bheil grunn bhuidhnean poblach ag aithneachadh gun urrainn dhaibh cur ri leasachadh na Gàidhlig. Tha cothroman ann cuideachd san fhrèama reachdail agus ann an roinn foghlam tro mheadhan na Gàidhlig. Tha deagh chothrom an lùib obair MG ALBA agus sna pròiseactan dha bheil e a' toirt taic a tha a' cur ri tarraingeachd a' chànain do dhaoine òga agus a' toirt misneachd ùr do luchd-labhairt na Gàidhlig. Feumaidh sinn a-nis feum a dhèanamh air a' chothrom a th' ann gus togail air na structairean a tha an sàs agus gus an neartachadh.

Cò dha a tha am Plana seo?

Tha am Plana do luchd-labhairt na Gàidhlig agus dhan a h-uile duine aig a bheil ùidh sa Ghàidhlig. Tha e do na buidhnean agus na h-ùghdarrasan air an deach iarraidh beachdachadh air na gealltanasan as urrainn dhaibh dèanamh gus taic a chumail ris a' Ghàidhlig san obair aca.

Tha am Plana seo do luchd-labhairt na Gàidhlig agus dhan a h-uile duine aig a bheil ùidh sa Ghàidhlig. 'S ann do luch-ionnsachaidh, buidhnean coimhearsnachd, buidhnean Gàidhlig, agus do bhuidhnean agus ùghdarrasan le gealltanasan Gàidhlig no a tha air planaichean Gàidhlig ullachadh a tha am plana seo. Tha am Plana seo a' cur air adhart na lèirsinn, amasan, phrìomhachasan agus thargaidean a tha a dhìth gus dèanamh cinnteach gum bi a' Ghàidhlig nas treasa ann an Alba san àm ri teachd. Tha e a' toirt dhuinn bunait airson co-aonta agus obair com-pàirteachais. Tha am Plana Nàiseanta a' suidheachadh prìomh-amasan farsaing agus bu chòir dhan fheadhainn a tha air an liostadh gu h-àrd beachdachadh orra fhad 's a tha iad a' meòrachadh air na ceumannan a dh'fhaodadh iad gabhail gus taic a thoirt dhan Ghàidhlig a rèir an dreuchdan, an dleastanasan agus am foincseanan.

Prìomh Amasan a' Phlana

Cur ri cleachdadh agus ionnsachadh na Gàidhlig

Raointean Prìomhachais

Tha an earrann a leanas den Phlana na liosta de ghrunn raointean prìomhachais far an gabh adhartas a dhèanamh le bhith a' meudachadh cleachdadh agus ionnsachadh na Gàidhlig. Is iad seo na raointean air am bu chòir do dh'ùghdarrasan poblach aire a thoirt agus iad a' deasachadh am planaichean Gàidhlig agus cuideachd air am b' urrainn buidhnean eile beachdachadh agus iad a' taghadh phrìomhachasan airson na h-obrach aca fhèin. Is iad na raointean prìomhachais a chaidh a chomharrachadh taic coimhearsnachd, taic san dachaigh, gnìomhachasan cruthachail, gnìomhachas agus eaconamaidh, ùghdarrasan poblach, foghlam 0-18, foghlam às dèidh ìre sgoile agus ionnsachadh inbheach.

Targaidean

Airson gach fear de na raointean prìomhachais tha clàr nas lugha ann le targaidean a tha cudromach dhan Ghàidhlig ann an Alba nar beachd agus tha sinn misneachail gum faigh iad taic fharsaing bho luchd-labhairt agus luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig. Thèid na targaidean seo a thoirt air adhart tro bheatha a' phlana ged a tha ceann-latha nas tràithe ann airson cuid de na targaidean. Anns a' Phlana Chorporra aige, a thèid fhoillseachadh a dh'aithghearr, bidh Bòrd na Gàidhlig cuideachd a' toirt seachad barrachd fiosrachaidh air cinn-latha targaid airson gnìomhan a bhios e a' stiùireadh.

A’ cur ri cleachdadh is ionnsachadh na Gàidhlig ann an coimhearsnachdan

Tha farsaingeachd de choimhearsnachdan agus lìonraidhean Gàidhlig eadar-mheasgte ann an Alba. Ann an sgìrean dùthchail is eileanach, tha tòrr bhuidhnean coimhearsnachd ann a tha a’ cur gu mòr ris a’ Ghàidhlig agus ri bhith a’ cumail suas nan sgìrean ionadail aca. Tha àrdachadh air tighinn air an àireimh de dh’oifigearan coimhearsnachd Gàidhlig agus air iomairtean gus taic a thoirt dhaibh. Tha dualchas beairteach na Gàidhlig ann an Alba a’ faighinn taic aig ìre nan coimhearsnachd bho ghrunn bhuidhnean. Tha eaglaisean anns na coimhearsnachdan sin a’ toirt fòcas dhan chànan ann a bhith a’ toirt seachad seirbheisean eaglaise sa Ghàidhlig agus taic treòrachaidh tro mheadhan na Gàidhlig.

Mar an ceudna, ann am bailtean-mòra agus cathair-bhailtean, tha fàs air a bhith anns na lìonraidhean far a bheilear a’ brosnachadh agus a’ lìbhrigeadh cleachdadh na Gàidhlig, ge b’ e an ann tro thachartasan ealain, spòrs no cur seachadan, no cruinneachaidhean sòisealta, agus tha an t-iarrtas seo a’ fàs. Ge b’ e càite a bheil na lìonraidhean seo stèidhichte, tha iad nam pàirt chudromach de bhith a’ dèanamh cinnteach gu bheil a’ Ghàidhlig ga cleachdadh barrachd. Tha an obair a nì buidhnean, mar eisimpleir, Comunn na Gàidhlig, Fèisean nan Gàidheal, An Comann Gàidhealach, Ceòlas agus eile ro-chudromach gus dèanamh cinnteach gu bheil taic de chàileachd àrd ann airson Gàidhlig ann an coimhearsnachdan.

Coimhearsnachd, Raointean Prìomhachais

Tha na raointean prìomhachais airson na Coimhearsnachd gu h-ìosal a' toirt seachad fòcas soilleir airson a bhith a' cur ri cleachdadh agus ionnsachadh na Gàidhlig ann an coimhearsnachdan agus air am beachdaich ùghdarrasan fhad 's a tha iad a' deasachadh nam planaichean Gàidhlig aca.

- Lìonraidhean coimhearsnachd na Gàidhlig agus coimhearsnachdan air-loidhne
- Ag aithneachadh Sgìrean a tha Cudromach dhan Ghàidhlig
- Planaichean Gàidhlig stèidhichte sa choimhearsnachd
- Measaidhean Buaidh Coimhearsnachd Eileanach
- Lìonra Oifigearan Leasachaidh na Gàidhlig
- Tachartasan coimhearsnachd Gàidhlig agus cur-seachadan do dhaoine òga
- Urrasan coimhearsnachd agus buidhnean san treas roinn
- Eaglaisean agus buidhnean creideimh

Targaidean Choimhearsnachd

- Thèid Planaichean Gàidhlig Coimhearsnachd a chruthachadh airson 3 prìomh choimhearsnachdan Gàidhlig le taic agus Stiùireadh air ullachadh, air am faigh coimhearsnachdan eile cothrom ro 2028.
- Ag aithneachadh gu bheil sgìrean a tha cudromach dhan chànan agus aig a bheil feumalachdan eadar-dhealaichte – nithear barrachd beachdachaidh sònraichte air seo agus thèid ceumannan a ghabhail gus am bi cruthachadh agus lìbhrigeadh poileasaidh a rèir seo thar beatha phoblach na h-Alba.
- Bho 2024 bidh lìonra aithnichte de dh'Oifigearan Gàidhlig ann le goireasan iomchaidh. Thèid seo a chumail suas agus thèid taic a chumail ris na h-oifigearan gus raon de ghnìomhachdan leasachaidh Gàidhlig agus sòisealta a thoirt seachad.
- Thèid taic a thoirt dhan Ghàidhlig ann am beatha agus obair Urrasan Coimhearsnachd , buidhnean treas roinne, eaglaisean agus buidhnean creideimh agus thèid am brosnachadh barrachd, gu sònraichte ann an sgìrean le àireamh-sluaigh ìosal.

A’ cur ri cleachdadh agus ionnsachadh na Gàidhlig ann an Dachaighean

Tha cleachdadh na Gàidhlig san dachaigh riatanach gus an cànan agus cultar a neartachadh, agus is urrainn grunn nithean cur ri seo. A bharrachd air cleachdadh na Gàidhlig le buill teaghlaich tha grunn cheumannan a bheir buaidh air cleachdadh na Gàidhlig san dachaigh.

Tha seo a’ gabhail a-steach buaidhean foghlaim, cultarail agus didseatach agus feumar aithne a thoirt dhan bhuaidh as urrainn dhaibh seo a thoirt air cleachdadh na Gàidhlig san dachaigh. Is urrainn dhan Ghàidhlig tighinn a-steach dhan dachaigh ann an iomadh dòigh agus tha cothroman ann mothachadh àrdachadh orra seo agus am brosnachadh.

Tha iomadh goireas air-loidhne a bhios daoine a’ coimhead air/ag èisteachd ris aig an taigh a tha freagarrach airson gach aois. Tha seirbheisean slàinte agus foghlam cuideachd a’ cruthachadh chothroman gus Gàidhlig a bhrosnachadh san dachaigh. Is urrainn gnìomhan sa choimhearsnachd agus san àite obrach buaidh a thoirt air cleachdadh cànain san dachaigh cuideachd agus thathar a’ brosnachadh a’ cheangail chudromaich seo.

Tha taic ann do phàrantan a thaobh cleachdadh na Gàidhlig san dachaigh agus tha oifigearan air am fastadh le Comann nam Pàrant gus taic agus brosnachadh a bharrachd a thoirt don fheadhainn seo. Tha comasan a bharrachd an cois obair oifigearan leasachaidh na Gàidhlig gus taic a chumail ri cleachdadh na Gàidhlig ann an dachaighean.

An Dachaigh, Raointean Prìomhachais

Tha na raointean prìomhachas Dachaigh gu h-ìosal a' toirt seachad fòcas soilleir airson a bhith a' meudachadh cleachdadh agus ionnsachadh na Gàidhlig ann an Dachaighean agus air am beachdaich ùghdarrasan fhad 's a tha iad a' deasachadh nam planaichean Gàidhlig aca.

- Goireasan didseatach a tha a' lìbhrigeadh deagh chleachdadh is ionnsachadh na Gàidhlig san dachaigh
- NHS agus ùghdarrasan poblach a' brosnachadh na Gàidhlig san dachaigh
- Leabhraichean agus goireasan Gàidhlig
- Taic ri ceuman a bhrosnaicheas cleachdadh na Gàidhlig ann an dachaighean
- A' brosnachadh dhaoine gus barrachd cleachdadh na Gàidhlig a thoirt a-steach san dachaigh a-rithist
- Oifigearan Coimhearsnachd a' cumail taic ri cleachdadh na Gàidhlig san dachaigh
- Solar Tràth-bhliadhnaichean FtG aois 0-3 agus iomairtean co-cheangailte
- Taic gus Gàidhlig ionnsachadh do Phàrantan FtG

Targaidean Dachaighe

- Thèid pròiseact pìleat nàiseanta a stèidheachadh gus taic a thoirt do dh'ionadan Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig 0-3 agus gus fàs a thoirt air le solar nas fheàrr de sheirbheisean cùram-chloinne Gàidhlig rim faighinn a tha a' toirt trèanadh do stiùirichean-cluiche agus a tha ceangailte ri bun-phreantasachdan.
- Thèid an taic a th' ann do phàrantan FtG ath-sgrùdadh is a neartachadh.
- Thèid comhairle ullachadh do phròiseactan Gàidhlig agus oifigearan leasachaidh Gàidhlig air a' bhuaidh a dh'fhaodadh a bhith aca air cleachdadh na Gàidhlig san dachaigh.

Cur ri cleachdadh agus sgaoileadh na Gàidhlig sna Gnìomhachasan Cruthachail

Thairis air na beagan bhliadhnaichean mu dheireadh, bha deagh adhartas ann an craoladh Gàidhlig, na h-ealainean agus foillseachadh agus thug Gàidhlig buaidh fharsaing is bheartach air beatha chultarach.

Tha MG ALBA agus farsaingeachd de bhuidhnean leithid Fèisean nan Gàidheal, An Comann Gàidhealach, Comhairle nan Leabhraichean, Ceòlas, Acair agus eile a' cur gu mòr ri seo gus dèanamh cinnteach gu bheil ìomhaigh na Gàidhlig fhathast àrd aig ìre nàiseanta agus eadar-nàiseanta. Tha seo a' dèanamh cinnteach gu bheil ìre de chothroman ann airson leasachadh sgilean, airson cruthachalachd, com-pàirteachadh agus cur an cèill.

Tha a' Ghàidhlig na pàirt chudromach den dualchas nàiseanta againn. Tha na gnìomhachasan cruthachail a' cur ri ìomhaigh na h-Alba mar dhùthaich eadar-mheasgte agus tarraingeach. Tha cleachdadh agus brosnachadh na Gàidhlig na phàirt chudromach den roinn seo agus tha seo a' cur ri sàr-mhathas, leasachadh sgilean, com-pàirteachadh coimhearsnachd is luchd-amais, fàs eaconamach agus beairteas ar beatha chultarail.

Gnìomhachasan Cruthachail, Raointean Prìomhachais

Tha na raointean prìomhachais airson nan Gnìomhachasan Cruthachail gu h-ìosal a' toirt seachad fòcas soilleir airson a bhith a' cur ri cleachdadh agus ionnsachadh na Gàidhlig anns na Gnìomhachasan Cruthachail agus air am beachdaich ùghdarrasan fhad 's a tha iad a' deasachadh nam planaichean Gàidhlig aca.

- MG ALBA agus lìonra de chompanaidhean meadhanan Gàidhlig
- Taic MG ALBA ris na h-ealainean Gàidhlig
- Gnìomhan sna meadhanan a tha tarraingeach do dhaoine òga
- Fèisean nan Gàidheal
- Buidhnean, gnìomhan agus fèisean ealain
- Buidhnean ealainean Gàidhlig
- Am Mòd Nàiseanta Rìoghail
- Taic gus susbaint meadhanan didseatach a chruthachadh agus a chleachdadh

Targaidean airson Gnìomhachasan Cruthachail

- Thèid ro-innleachd Ghàidhlig ullachadh le prìomhachasan ann an turasachd, ealainean, dualchas agus an eaconamaidh, le VisitScotland, Alba Chruthachail agus Àrainneachd Eachdraidheil Alba ag obair còmhla air seo.
- A' togail air an ro-innleachd seo, bidh an com-pàirteachas seo ag obair gu gnìomhach le com-pàirteachasan Leasachadh Luchd-obrach Òga (DWY) gus bun-phreantasachdan Gàidhlig agus nua-phreantasachdan Gàidhlig a chruthachadh anns na h-ealainean, turasachd dualchais agus san eaconamaidh cho-cheangailte.
- Co-òrdanaichidh Bòrd na Gàidhlig com-pàirteachas le Alba Chruthachail a bhios a' stiùireadh cruthachadh agus deasachadh Ro-innleachd Ealainean Gàidhlig Nàiseanta
- Aithnichidh planaichean Gàidhlig aig ùghdarrasan poblach an comas a th' aig buidhnean Gàidhlig leithid Fèisean nan Gàidheal, Ceòlas agus An Comann Gàidhealach cur ris an taic a th' aca dhan Ghàidhlig sna sgìrean aca.
- Bidh gach buidheann iomchaidh ag obair còmhla gus dèiligeadh ris an easbhaidh a tha mu choinneamh BBC ALBA ann an craoladh ann am mion-chànan agus ag aithneachadh a' chomais eaconamaich, shòisealta agus foghlaim a tha aig craoladh Gàidhlig gus taic a chumail ri coimhearsnachd an luchd-labhairt.

A’ cur ri cleachdadh agus ionnsachadh na Gàidhlig ann an Gnìomhachas agus san Eaconamaidh

Tha a’ Ghàidhlig na stòras eaconamach ann an Alba le fianais gu math soilleir ann air a’ bhuaidh a th’ aig a’ Ghàidhlig air eaconamaidh na h-Alba. Rinneadh grunn rannsachaidhean air seo cuideachd, le rannsachadh bho chionn ghoirid le MG ALBA agus Comhairle Baile Ghlaschu. Chomharraich aithisg MG ALBA ann an 2021 gum bi gach £1 de mhaoineachadh a’ cruthachadh toradh bho thasgadh de £1.34. Ann an Glaschu, tha buaidh eaconamaidh aig a’ Gàidhlig luach £21.6 millean agus tha i a’ cumail taic ri 700 cosnadh.

Tha VisitScotland cuideachd ag aithneachadh cho cudromach ’s a tha a’ Ghàidhlig do mhargaid turasachd na h-Alba agus tha na staitistigean aige a’ sealltainn gun robh àrdachadh de 72 às a’ cheud anns an àireimh de luchd-cleachdaidh aig VisitScotland.com a thadhail air susbaint co-cheangailte ris a’ Ghàidhlig eadar 2018 agus 2021.

Tha na sgrùdaidhean seo a’ sealltainn gu bheil àite cudromach aig a’ Ghàidhlig ann a bhith a’ togail eaconamaidh na h-Alba, àite a tha a’ sìor fhàs, gu h-àraidh a thaobh roinnean leithid turasachd, biadh is deoch, agus dualchas agus gum bu chòir cuideam làidir a bhith air a’ chànan ann an cumhachd ath-nuadhachail agus leasachaidhean fearainn is àrainneachd. Dh’aithris Buidheann-obrach Gheàrr-bheatha air Cothroman Eaconamach is Sòisealta dhan Ghàidhlig bho chionn ghoirid fon Ro-innleachd Nàiseanta airson Cruth-atharrachadh Eaconomach agus rinn i sreath de mholaidhean san raon seo .

Gnìomhachas agus an Eaconamaidh, Raointean Prìomhachais

Tha na raointean prìomhachais airson Gnìomhachas agus an Eaconamaidh gu h-ìosal a' toirt seachad fòcas soilleir airson a bhith a' cur ri cleachdadh agus ionnsachadh na Gàidhlig san raon seo agus air am beachdaich ùghdarrasan fhad 's a tha iad a' deasachadh nam planaichean Gàidhlig aca.

- Gàidhlig san àite-obrach, seirbheisean agus bathar
- Buaidh eaconamach na Gàidhlig ann an Alba
- Sgilean tionnsgalachd is ceannais Gàidhlig
- Margaidh obrach na Gàidhlig, leasachadh sgilean agus pròg̀raman trèanaidh
- Cothroman obrach san roinn phoblaich agus phrìobhaidich
- FtG, preantasachdan agus dreuchdan

Targaidean airson Gnìomhachas agus an Eaconamaidh

- Bidh Bun-phreantasachdan agus Nua-phreantasachdan rim faighinn agus thèid am brosnachadh do sgoilearan san ìre as àirde a tha ag iarraidh a bhith ag obair anns na tràth-bhliadhnaichean is cùram-sòisealta, na gnìomhachasan cruthachail, cultar, dualchas, turasachd, spòrs, biadh is deoch agus an àrainneachd nàdarra.
- Bho 2024 bu chòir do Mheasaidhean Buaidh Coimhearsnachd nan Eilean, far a bheil iad seo a dhìth, a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheilear a' beachdachadh gu ceart air buaidhean cànanach ann an leasachaidhean bun-structair ann an sgìrean a tha cudromach a thaobh a' chànain.
- Beachdaichidh na h-ùghdarrasan poblach aig a bheil raon-ùghdarrais leasachaidh airson roinnean le buaidh eaconamach agus aig a bheil Plana Gàidhlig air leasachadh na Gàidhlig mar stòras eaconamach agus nì iad ro-innleachd air seo.
- Thèid seata-innealan sgilean tionnsgalachd is ceannais gnìomhachais a chruthachadh

A’ cur ri cleachdadh agus ionnsachadh na Gàidhlig ann an Ùghdarrasan Poblach

Taic aig ùghdarrasan poblach dhan Ghàidhlig, a faicsinneachd agus aithne air cho cudromach ’s a tha ceuman sòisealta agus eaconomach nas fharsainge dhan Ghàidhlig.

Tha taic nach beag aig ùghdarrasan ionadail agus buidhnean poblach dhan Ghàidhlig agus tha raon farsaing de dh’iomairtean an sàs gus taic a chumail ri Gàidhlig. Chithear seo le buidhnean a tha a’ dèiligeadh ri foghlam, dualchas, turasachd, fearann agus coimhearsnachd, na h-ealainean agus barrachd.

Tha raon ùghdarras nàiseanta aig tòrr de na buidhnean sin agus is urrainn dhaibh cur ri taic dhan Ghàidhlig agus a bhith a’ toirt fàs air a’ Ghàidhlig air feadh na h-Alba. Tha Adhartas nas Luaithe, iomairt chruth-atharrachail air a stiùireadh le Ministearan na h-Alba, air buidhnean nàiseanta agus prìomh ùghdarrasan aig a bheil planaichean Gàidhlig a thoirt còmhla gu soirbheachail gus sruthan-obrach a thoirt air adhart agus gus prìomh ghealltanasan Gàidhlig a lìbhrigeadh tro cho-obrachadh.

Tha fòcas làidir air a’ Ghàidhlig ann am Plana Nàiseanta nan Eilean agus tha prìomhachasan ann mun Ghàidhlig agus mu phrìomhachasan sòisealta, eaconamach agus bun-structair nas fharsainge a tha cudromach do bheatha sna h-eileanan far a bheil a’ Ghàidhlig ga bruidhinn. Taic aig ùghdarrasan poblach dhan Ghàidhlig, a faicsinneachd agus aithne air cho cudromach ’s a tha ceuman sòisealta agus eaconomach nas fharsainge dhan Ghàidhlig.

Ùghdarrasan Poblach, Raointean Prìomhachais

Tha na raointean prìomhachais airson ùghdarrasan poblach gu h-ìosal a' toirt seachad fòcas soilleir airson a bhith a' cur ri cleachdadh agus ionnsachadh na Gàidhlig ann an obair ùghdarrasan poblach agus air am beachdaich iad fhad 's a tha iad a' deasachadh nam planaichean Gàidhlig aca.

- Planaichean Gàidhlig
- Bile nan Cànan Albannach le ullachadh airson na Gàidhlig
- Faicsinneachd agus Soidhnichean Gàidhlig
- Ùghdarrasan Poblach ag obair ann an coimhearsnachdan traidiseanta na Gàidhlig
- Ullachaidhean Gàidhlig ann am Measadh Buaidh Coimhearsnachdan nan Eilean

Targaidean airson Ùghdarrasan Poblach

- Thèid an siostam de Phlanaichean Gàidhlig ath-sgrùdadh agus thèid an Stiùireadh air Planaichean Gàidhlig ath-sgrùdadh is ùrachadh ann an 2024. Bheir Bòrd na Gàidhlig taic agus comhairle seachad cuideachd airson planaichean Gàidhlig saor-thoileach.
- Cumaidh planaichean Gàidhlig taic ri iomairtean a chuireas ri faicsinneachd na Gàidhlig air feadh na h-Alba.
- Thèid buidheann oifigearan nam planaichean Gàidhlig a chur air bhog a-rithist bho 2024 gus taic a thoirt do na h-ùghdarrasan agus na buidhnean sin le am planaichean fa leth agus airson a bhith a' brosnachadh co-roinn deagh chleachdadh.
- Nithear barrachd rannsachaidh air a' phàirt a th' aig a' Ghàidhlig agus a cultar ann a bhith a' brosnachadh fèin-spèis, slàinte is sunnd agus nithear barrachd adhartais ann a bhith a' cruthachadh chothroman sòisealta is eaconamach co-cheangailte ris an àrainneachd nàdarra.
- Gabhaidh Planaichean Àite Ionadail a chleachdadh gus taic agus neartachadh a thoirt dhan Ghàidhlig ann an Coimhearsnachdan. Thèid an cothrom seo a bhrosnachadh agus thèid eisimpleirean de dheagh chleachdadh a cho-roinn.
- Bidh buidhnean agus ùghdarrasan a tha ag obair ann an sgìrean eileanach a' deasachadh Measaidhean Buaidh Coimhearsnachd nan Eilean, a' toirt aire do na gealltanasan aca a thaobh na Gàidhlig.

A’ cur ri cleachdadh is ionnsachadh na Gàidhlig ann am Foghlam, 0-18

Fàs ann an roinn FtG a bharrachd air leasachaidhean ann an càileachd an t-solair agus brosnachadh agus taic ann airson FtG agus FLI aig gach ìre

Tha Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig na roinn shoirbheachail is aithnichte taobh a-staigh foghlam na h-Alba. Tha solar thràth-bhliadhnaichean an dà chuid do chloinn aois 0-3 agus 3-5 ann an grunn sgìrean den dùthaich. Tha grunn bhun-sgoiltean a bhios a’ toirt seachad foghlam tro mheadhan na Gàidhlig an dà chuid ann an sgoiltean fa leth agus ann an sgoiltean dà-shruthach.

Tha foghlam tro mheadhan na Gàidhlig cuideachd ri fhaighinn ann an grunn shuidheachaidhean dà-shruthach san àrd-sgoil agus tha aon àrd-sgoil Ghàidhlig fa leth ann an Glaschu. Tha a’ Ghàidhlig mar nua-chànan ri faighinn ann an foghlam tro mheadhan na Beurla agus na Gàidhlig ann an diofar ùghdarrasan ionadail.

Gus taic a chumail ris an t-solar seo, tha grunn bhuidhnean gnìomhach ann a tha a’ toirt taic do thidsearan, clann agus daoine òga agus pàrantan. Tha seo a’ gabhail a-steach Stòrlann, Sabhal Mòr Ostaig, e-Sgoil, Fèisean nan Gaidheal, Comann nam Pàrant agus barrachd.

A bharrachd air seo, tha reachdas an gnìomh agus tha Stiùireadh Reachdail air Foghlam Gàidhlig ann, a tha a’ gabhail a-steach eileamaidean an dà chuid de dh’fhoghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus foghlam luchd-ionnsachaidh. Tha grunn bhuidhnean nàiseanta ann le uallaichean airson FtG agus FLI leithid Foghlam Alba, Ùghdarras Theisteanas na h-Alba, Comhairle Maoineachaidh na h-Alba, Comhairle Choitcheann Teagaisg na h-Alba agus Leasachadh Sgilean na h-Alba, agus tha iad uile a’ cur gu mòr ri FtG agus FLI.

Foghlam 0-18, Raointean-prìomhachais

Tha na raointean prìomhachais airson foghlaim sgoile gu h-ìosal a' toirt seachad fòcas soilleir airson a bhith a' cur ri cleachdadh agus ionnsachadh na Gàidhlig ann am foghlam agus air am beachdaich ùghdarrasan fhad 's a tha iad a' deasachadh nam planaichean Gàidhlig aca.

- Solar Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig sna Tràth-bhliadhnaichean, sa Bhun-sgoil agus san Àrd-sgoil
- Lìbhrigeadh curraicealaim FtG air-loidhne gu didseatach
- Goireasan agus trèanadh gus taic a chumail ri clann agus òigridh le feumalachdan taic a bharrachd
- Curraicealam FtG, Foghlam Farsaing Coitcheann agus an Ìre as Àirde ann an roinn na h-àrd-sgoile
- Taic agus goireasan airson FtG
- Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) aig L2, L3, Foghlam Farsainn Coitcheann agus aig an Ìre as Àirde

Targaidean Foghlaim

- Thèid an Stiùireadh Reachdail air Foghlam Gàidhlig ath-sgrùdadh agus an uair sin thèid a bhrosnachadh gu farsaing taobh a-staigh saoghal foghlam na h-Alba gus dèanamh cinnteach gu bheil a h-uile duine a tha an sàs ann am FtG a' cumail ris na prionnsabalan ann.
- Thèid Maoin Calpa nan Sgoiltean Gàidhlig a chleachdadh gus fàs a thoirt air FtG a' gabhail a-steach sgoiltean fa leth ann am beatha a' Phlana seo.
- Thèid dòigh-obrach ro-innleachdail ùr a chruthachadh airson Foghlam tro mheadhan na Gàidhlig.
- Bithear a' beachdachadh air Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig mar phàirt bhunaiteach de dh'obair bhuidhnean foghlaim leithid Buidheann Comhairleachaidh Planadh Feachd-obrach an Luchd-teagaisg, am Bòrd Ro-innleachdail airson Foghlam Luchd-teagaisg agus thar gach taobh de dh'ath-leasachadh foghlaim.
- Thèid gnìomhan taobh a-muigh a' churraicealaim airson FtG a cho-òrdanachadh agus thèid taic a chumail riutha ann an Ro-innleachd Òigridh Gàidhlig a bhios a-mach airson co-chomhairle airson 2026. – a' gabhail a-steach mar eisimpleir, spòrs, cultar, deasbadan agus cur-seachadan
- Thèid dòigh-obrach cho-òrdanaichte a chruthachadh airson taic FtG do thidsearan ann an sgoiltean.
- Bidh taic ann gus an roghainn de chuspairean FtG aig ìre na h-àrd-sgoile a leudachadh

A’ cur ri cleachdadh agus ionnsachadh na Gàidhlig, ionnsachadh às dèidh ìre sgoile is ionnsachadh inbheach

Tha cothroman ann Gàidhlig ionnsachadh agus cùrsaichean Gàidhlig a dhèanamh mar inbheach agus gus Gàidhlig ionnsachadh ann an ionadan Foghlam Adhartach agus Àrd-ìre. Tha slighean a-staigh gu teagasg FtG no FLI cuideachd agus cothroman rannsachadh agus cùrsaichean a dhèanamh tro mheadhan na Gàidhlig. Tha làithreachd aig a’ Ghàidhlig ann an roinn an fhoghlam Àrd-ìre is Adhartaich, le cothroman an dà chuid aig ìre fo-cheum is iar-cheum.

Tha grunn chothroman ann gus Gàidhlig ionnsachadh cuideachd tro iomairtean cudromach leithid SpeakGaelic, LearnGaelic, GoGaelic, Gaelic for Parents, Duolingo agus aplacaidean cànain eile. Tha feumalachdan an fheadhainn aig a bheil sgilean Gàidhlig mar-thà agus a thathar airson an toirt air adhart na fhòcas cudromach airson goireasan ionnsachaidh.

Tha àite ro-chudromach aig Sabhal Mòr Ostaig, an t-Ionad Nàiseanta airson na Gàidhlig agus a Cultar. Tha e cudromach ann an ionnsachadh is foghlam às dèidh ìre sgoile agus ann an rannsachadh na Gàidhlig, mar a tha institiudan acadaimigeach eile. Tha fàs air a bhith ann thar nam beagan bhliadhnaichean a dh’fhalbh ann an solar chùrsaichean inntrigidh airson na Gàidhlig.

Tha cùrsaichean trèanadh tùsail do luchd-teagaisg agus proifeiseantaich nan tràth-bhliadhnaichean ann airson FtG. Tha cothroman rannsachaidh ann an ionadan acadaimigeach agus leasachaidhean a thaobh goireasan cànain, leithid Faclair na Gàidhlig, Tobar an Dualchais, Ainmean-Àite na h-Alba, DASG agus An Seotal, teicneòlas cainnt-gu-teacsa agus barrachd. Chan eil annta seo ach beagan eisimpleirean de dh’adhartas agus feumar togail air an adhartas seo uile.

Ionnsachadh às dèidh ìre sgoile agus ionnsachadh inbheach, Raointean Prìomhachais

Tha na raointean prìomhachais airson foghlaim inbheach agus às dèidh ìre sgoile gu h-ìosal a' toirt seachad fòcas soilleir airson a bhith a' cur ri cleachdadh agus ionnsachadh na Gàidhlig ann am foghlam inbheach agus às dèidh ìre sgoile agus air am beachdaich ùghdarrasan fhad 's a tha iad a' deasachadh nam planaichean Gàidhlig aca.

- SpeakGaelic agus cothroman foghlaim inbheach eile do luchd-ionnsachaidh
- Sgilean Gàidhlig ann an cothroman cosnaidh, slighean fastaidh, trèanadh sgilean agus preantasachdan
- Foghlam Tùsail Luchd-teagaisg airson FtG
- Cùrsaichean proifeiseanta do luchd-obrach tràth-bhliadhnaichean ann an roinn FtG
- Leasachadh proifeiseanta ann an ceannardas air feadh FtG
- Ionnsachadh na Gàidhlig ann an ionadan Foghlam Adhartach/ Foghlam Àrd-ìre
- Rannsachadh Gàidhlig agus leasachadh air a' Bhun-structair Chànanach

Targaidean airson Ionnsachadh Inbheach agus Às Dèidh Ìre Sgoile

- Bidh Bòrd na Gàidhlig a' co-òrdanachadh agus a' lìbhrigeadh Ro-innleachd Ionnsachaidh Inbheach
- A' brosnachadh agus a' cumail taic ri slighean a-steach gu teagasg FtG
- Bithear a' cumail taic ri SpeakGaelic gus an tèid obair leasachaidh air a' chùrsa a chrìochnachadh ro dheireadh 2024
- Bidh trèanadh agus taic ri fhaotainn do luchd-taic cànain airson FtG
- Cumaidh Bòrd na Gàidhlig air a' stiùireadh Buidheann-obrach Acadaimigeach na Gàidhlig a tha a' cruthachadh dòigh-obrach ro-innleachdail a thaobh gach riatanas corpais iomchaidh
- Leanar agus neartaichear an taic a th' ann airson iomairtean bun-structair cànain. Thèid ro-innleachd airson leasachadh, co-òrdanachadh agus cumail suas ghoireasan cànain a chruthachadh airson 2025 agus bidh i an uair sin na pàirt den obair leantainneach aig Buidheann-obrach Acadaimigeach na Gàidhlig

Plana Nàiseanta 2018-2023

Tha deagh adhartas air a bhith ann, ach tha tòrr ri dhèanamh fhathast. Tha an earrann seo a' cuimseachadh air cuid de na pròiseactan a chaidh a chur an sàs sna beagan bhliadhnaichean mu dheireadh. Seo na rudan air an tèid togail sna bliadhnaichean ri teachd

Anns a' chiad phàirt den Phlana seo bha fòcas air amasan is prìomhachasan agus air na rudan a dh'fheumar a dhèanamh. Tha an earrann seo a' cuimseachadh air cuid de na pròiseactan a chaidh a chur an sàs sna beagan bhliadhnaichean mu dheireadh. Seo na rudan air an tèid togail sna bliadhnaichean ri teachd. Tha seo a' gabhail a-steach an dà chuid gnìomhan aig buidhnean coimhearsnachd agus aig ùghdarrasan poblach. Tha na pròiseactan a leanas a' sealltainn deagh adhartas airson na Gàidhlig ann an Alba.

Dachaigh is Coimhearsnachd

Chaidh an dachaigh agus a' choimhearsnachd a chomharrachadh gu cunbhalach mar àiteachan far a bheil taic a dhìth dhan Ghàidhlig. Tha comas aig iomadh taobh de leasachadh na Gàidhlig gus buaidh a thoirt air beatha san dachaigh. Tha foghlam, na h-ealain, na meadhanan agus foillseachadh a' cur cumadh air cleachdadh na Gàidhlig san dachaigh agus sa choimhearsnachd.

Tha pròiseactan ùra air a bhith ann cuideachd sna beagan bliadhnaichean mu dheireadh. Tha BnG air taic a thoirt do Chomann nam Pàrant gus pìleat a lìbhrigeadh airson nan tràth-bhliadhnaichean le fòcas air teaghlaichean agus FtG. Bha seo a' gabhail a-steach taic do sgioba beag de dh'oifigearan a bha a' cumail taic ri seo. Tha CnamP cuideachd air "ionad uile-freastail" air-loidhne a chruthachadh, Neadan, anns a bheil fiosrachadh do phàrantan mu bhith a' cleachdadh na Gàidhlig san dachaigh agus sa choimhearsnachd agus mu dhaoine òga a' tighinn a-steach dhan t-siostam FtG. Tha iomairtean leithid Bookbug Gàidhlig agus Leugh is Seinn le Linda air a bhith cudromach aig an ìre seo.

Cuideachd, ann an raon ceangailte, chaidh farsaingeachd de thaic a chur an sàs dhan Ghàidhlig ann an coimhearsnachdan. Tha grunn oifigearan leasachaidh Gàidhlig ann agus chaidh tòiseachadh air structar taice a chruthachadh do na h-oifigearan, aig a bheil luchd-fastaidh eadar-dhealaichte gu tric. Tha fàs air tighinn air sgioba nan oifigearan Iomairtean aig Comunn na Gàidhlig a bhios a' cur thachartasan air dòigh, an dà chuid anns na cathair-bhailtean agus ann an sgìrean le àireamhan sluaigh beag.

Tha oifigearan Gàidhlig cuideachd stèidhichte ann an diofar shuidheachaidhean, ann an ionadan ealainean gus pròiseactan agus tachartasan a lìbhrigeadh a chuireas ri cleachdadh na Gàidhlig, aig Comann na Camanachd gus an ceangal eadar an cànan agus an geama a neartachadh agus aig YoungScot gus taic a thoirt dhan Ghàidhlig taobh a-staigh obair na buidhne nàiseanta sin. Chaidh taic a thoirt seachad cuideachd gus oifigearan Gàidhlig a shuidheachadh ann am buidhnean leithid Ceòlas agus ann an comainn dualchais airson pròiseactan a neartaicheas Gàidhlig anns na seirbheisean agus na tachartasan a bhios iad a' lìbhrigeadh.

B' e eisimpleir cudromach eile an taic a thug Bòrd na Gàidhlig do dh'Fhearann Coimhearsnachd na h-Alba do phròiseactan Gàidhlig aig urrasan coimhearsnachd anns na h-eileanan. Tha cuid de dh'urrasan coimhearsnachd, gu h-àraidh an fheadhainn a tha co-cheangailte ri dualchas no tìr, a' cur gu mòr ri eaconamaidh nan sgìrean aca agus bhrosnaich a' mhaoin seo barrachd cleachdadh den Ghàidhlig.

A bharrachd air sin, mhaoinich BnG luchd-obrach taic mar phàirt den phròiseact pìleat ann an Glaschu is Dùn Èideann a tha air a ruith leis na h-ùghdarrasan ionadail seo. Chuir Steòrnabhagh fàilte air an Taigh Cèilidh, cafaidh Gàidhlig agus ann an Inbhir Nis, tha buidheann de shaor-thoilich ag amas air ionad Gàidhlig a stèidheachadh, Cultarlann Inbhir Nis. Cuideachd, ann an sgìrean le àireamh-sluaigh ìosal tha grunn ionadan coimhearsnachd leithid Ionad Chaluim Chille ann an Ìle agus Grinneabhat ann am Bràgar a' cur gu mòr ris a' Ghàidhlig sna sgìrean aca. Ann an Glaschu agus Dùn Èideann bidh diofar bhuidhnean a' ruith thachartasan agus a' toirt seachad cothroman gus Gàidhlig a chleachdadh.

Na h-Ealainean

Tha e cuideachd air a bhith na adhbhar misneachd a bhith a' faicinn taic dhan Ghàidhlig anns na h-ealainean, foillseachadh agus fèisean. A-rithist bha dùbhlain mu choinneimh na roinne seo aig àm a' ghlasaidh-sluaigh ach bha eisimpleirean de dheagh chleachdadh ann an obair MG ALBA, Fèisean nan Gàidheal, An Comunn Gàidhealach, Comhairle nan Leabhraichean agus Ceòlas. Tha Mòdan ionadail is nàiseanta air tòiseachadh a-rithist às dèidh a' ghlasaidh-sluaigh. Am measg nan tachartasan seo do shean is òg tha ceòl, òrain, bàrdachd, spòrs is eile. Tha a' chompanaidh tèatair, Theatre Gu Leòr, a' toirt taic do na h-ealainean Gàidhlig agus tha a' chompanaidh air a bhith soirbheachail, le cuairtean, dràmathan ùra, coimiseanan sgrìobhaidh, tèatar òigridh, bùthan-obrach, cothroman trèanaidh agus com-pàirteachasan nàiseanta is eadar-nàiseanta.

Fèisean nan Gàidheal

Bidh Fèisean nan Gàidheal a' cur gu mòr ri leasachadh ceòl, cultar traidiseanta agus na Gàidhlig fhèin an dà chuid air feadh na h-Alba agus gu h-eadar-nàiseanta. Tha gluasad nam Fèisean a' cumail taic ri còrr is 115 cosnadh agus le bhith a' dèanamh seo, tha mu 20,000 duine an sàs ann an tachartasan nam Fèisean gach bliadhna. Tha 43 Fèisean ionadail ann air feadh na h-Alba a tha a' tabhann measgachadh de chur-seachadan leithid teagasg leantainneach, bùthan-obrach, sàr-chlasaichean agus Cèilidhean air Chuairt. Tha lìonra de dh'oifigearan leasachaidh aig Fèisean nan Gàidheal a bheir taic do na tachartasan aca a tha a' sìor fhàs, a' gabhail a-steach Fèisgoil, na seirbheisean foghlaim aice, lìbhrigeadh Iomairt Ciùil na h-Òigridh, seirbheisean Gàidhlig is dràma, Fuaran, pròiseact tasglann Gàidhlig, 5 Latha, tachartas còmhnaidh Gàidhlig, Fèis TBh, le sianal oideachaidh air-loidhne, fèis bhliadhnail Blas ann an sgìre Comhairle na Gàidhealtachd agus prògram tabhartais Tasgadh air a lìbhrigeadh às leth Alba Chruthachail.

Cnoc Soilleir

Chaidh fàilte a chur air fosgladh a' chiad ìre de leasachadh Chnoc Soilleir. Thug Riaghaltas na h-Alba agus Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean maoineachadh seachad airson obair leasachaidh, agus tha an dàrna ìre a-nis ga planadh. Chaidh tòrr obrach a dhèanamh gus am b' urrainn do Chnoc Soilleir fhosgladh aig a' chiad ìre, le bòrd saor-thoileach Ceòlas a' cur gu mòr ri sin.

Foghlam

Anns na beagan bhliadhnaichean mu dheireadh, bha adhartas ann le sgoil foghlam tron Ghàidhlig eile ann an Glaschu agus le leas-thogalach airson solar FtG ann an Dùn Èideann aig ìre na h-Àrd sgoile. Tha fàs math air a bhith ann le àireamhan anns na sgoiltean Gàidhlig fa leth ann am Port Rìgh agus ann an Loch Abar. Tha àrdachadh air tighinn air na h-àireamhan ann an sgìre Comhairle nan Eilean Siar agus ann am FtG ann an sgìrean comhairle eile. Chaidh an Stiùireadh Reachdail airson Foghlam Gàidhlig fhoillseachadh ann an 2017. Bhon uair sin, chaidh an Stiùireadh a chleachdadh gus ùghdarrasan a chuideachadh agus iad a' beachdachadh air solar FtG ùr a chur air dòigh. Tha Sabhal Mòr Ostaig air cùrsaichean a chruthachadh agus a lìbhrigeadh aig Ìre Bun-phreantasachd sna Meadhanan Cruthachail is Didseatach agus ann an Cùram-chloinne tro mheadhan na Gàidhlig.

Rè Covid-19, stèidhich BnG còmhla ri a com-pàirtichean Comunn na Gàidhlig, Stòrlann agus Fèisean nan Gàidheal an iomairt #cleachdiaigantaigh gus goireasan a thoirt seachad do theaghlaichean nuair nach robh e comasach do sgoilearan a dhol dhan sgoil. Bha seo gu sònraichte cudromach do theaghlaichean aig nach eil a' Ghàidhlig mar phrìomh chànan. Chruthaich Stòrlann dà ghoireas gu sònraichte gus taic a thoirt do theaghlaichean gus Gàidhlig ionnsachadh agus a chleachdadh san dachaigh. Chaidh e-Sgoil a chur air bhog cuideachd agus thug seo taic làidir do dh'ionnsachadh na Gàidhlig agus chùm Stòrlann air a' toirt taic do thidsearan, pàrantan agus daoine òga.

Tha e-sgoil air cùrsaichean leithid dràma agus atharrachadh na gnàth-shìde a chruthachadh agus a lìbhrigeadh do sgoilearan bun-sgoile agus air "seòmraichean-teagaisg mothachail air a' gnàth-shìde" a lìbhrigeadh do sgoilearan ann an ÀS4-S6. Tha gnìomhan airson taic a chumail ri FtG leithid an fheadhainn a tha air an toirt seachad le Comunn na Gàidhlig agus Spòrs Gàidhlig a' gabhail a-steach cur-seachadan a-muigh, campaichean agus tachartasan ionnsachaidh, uile tro mheadhan na Gàidhlig air cur gu mòr ris an roinn. Chaidh FC Sonas a stèidheachadh gus ball-coise a thabhann tro mheadhan na Gàidhlig, agus gus ìomhaigh na Gàidhlig àrdachadh am measg chluicheadairean, luchd-leantainn agus nam meadhanan. Tha pròglaman eile leithid FilmG, Deasbad nan Àrd-sgoiltean, Còig Latha, Sgoil-shamhraidh dràma agus am Mòd Nàiseanta Rìoghail uile a' toirt taic do dhaoine òga ann am FtG.

Tha raon de ghnìomhachdan ann cuideachd gus taic a thoirt do luchd-teagaisg FtG agus gus am fastadh. Tha cuid air a bhith an sàs fad ùine, ach tha solar ùr air a bhith anns na beagan bhliadhnaichean mu dheireadh. Às dèidh suirbhidh thidsearan a rinn GTCS, dh'fhoillsich Bòrd na Gàidhlig an leabhran 'A bheil thu airson teagasg sa Ghàidhlig?' a tha a' mìneachadh nan slighean gu teagasg agus dreuchdan proifeiseanta eile ann am FtG. Tha BnG cuideachd air padlet a chruthachadh mu na diofar shlighean gu teagasg. Còmhla ri seo, chuir BnG iomairt air bhog, #DèanDiofar, air na meadhanan sòisealta le bhidiothan de shianar luchd-teagaisg a' bruidhinn air mar a thòisich iad air teagasg agus carson a tha e a' còrdadh riutha agus thèid seo a leantainn a dh'aithghearr le iomairt coltach rithe airson luchd-obrach nan tràth-bhliadhnaichean.

Rinneadh adhartas cuideachd le slighean a-steach gu teagasg FtG. Tha seo a' gabhail a-steach an MA ann am Foghlam Bun-sgoile tro Mheadhan na Gàidhlig (luchd-ionnsachaidh agus fileantaich) aig Oilthigh Dhùn Èideann, Gàidhlig le Teisteanas Bogaidh aig Oilthigh Ghlaschu, Teisteanas Teagaisg a Bharrachd aig Oilthigh Shrath Chluaidh airson luchd-teagaisg nuadh-chànanan gus am bi iad comasach air Gàidhlig a theagasg mar nuadh-chànan, Maighstireachd ann am Foghlam aig Sabhal Mòr Ostaig agus cùrsaichean eile aig SMO a tha gan tabhann aig ionadan eile aig OGE. Bidh BnG a' toirt maoineachadh do dh'ùghdarrasan ionadail gus cothrom a thoirt do thidsearan cùrsaichean bogaidh a dhèanamh gus an cuid sgilean Gàidhlig a neartachadh.

Tha an siostam bursaraidh STEM a bh' ann roimhe a-nis air fosgladh do dh'iarrtasan bhuapasan a tha airson teagasg FtG a dhèanamh san àrd-sgoil agus sa bhun-sgoil. Tha an cùrsa PGDE aig Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean ri fhaighinn air feadh OGE. Tha an dà chuid BnG agus MG ALBA air Preantasan Ceumnachaidh fhastadh a gheibh cuid den trèanadh aca tron Ghàidhlig. Tha Leasachadh Sgilean na h-Alba a' cumail taic ris na h-iomairtean sin agus bidh iad cuideachd a' brosnachadh dhaoine òga gus beachdachadh air dreuchdan far a bheil iad a' cleachdadh an cuid sgilean Gàidhlig, mar phàirt de bhuileachadh a' phlana Ghàidhlig aca.

Luchd-ionnsachaidh Inbheach

Tha Gàidhlig na h-Alba ri faighinn air Duolingo a-nis. Thòisich an cùrsa ann an 2019 agus ann an 2022 bha còrr is millean neach ag ionnsachadh na Gàidhlig tro Duolingo. Tha SMO a-nis a' tabhann cùrsa do dhaoine a tha a' dèanamh Duolingo gus na sgilean aca a thoirt air adhart; tha LearnGaelic na ghoireas leantainneach do luchd-ionnsachaidh agus fileantaich. Chaidh an làrach-lìn ath-sgrùdadh is ùrachadh gus barrachd fheartan a chur ann agus gus am bi i nas fheàrr dhan luchd-cleachdaidh. Tha àireamhan an luchd-tadhail a' sìor fhàs.

Tha àireamhan iongantach de dh'inbhich air a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig agus tha Riaghaltas na h-Alba air taic a chumail ri cothroman ionnsachaidh LearnGaelic agus SpeakGaelic. Tha fòcas air ionnsachadh inbheach tro fhear de na sruthan-obrach anns an iomairt Adhartas nas Luaithe agus chaidh frèam coitcheann gus sgilean luchd-ionnsachaidh a mheasadh a chruthachadh. Tha seo stèidhichte air Frèam Iomraidh Coitcheann na h-Eòrpa, a tha a' seòrsachadh sgilean ann an sia diofar ìrean; tha SpeakGaelic fhathast ga leasachadh. 'S e iomairt ioma-mheadhan a th' ann le pròglaman TBh, goireasan air-loidhne is taic bho na meadhanan sòisealta agus tha SpeakGaelic ag amas air luchd-ionnsachaidh a thoirt bho ìre tòiseachaidh gu fileanta.

Buidhnean Poblach

A bharrachd air sin, chuir an Leas-phrìomh Mhinistear a bha san dreuchd aig an àm an iomairt Adhartas nas Luaithe, na Coinneamhan Conaltraidh Coimhearsnachd, Àrd-choinneamh na Gàidhlig agus Plana Nàiseanta na Gàidhlig air bhog.

Am measg iomairtean eile a thug fòcas air a' Ghàidhlig, tha Co-chruinneachadh na Gàidhealtachd is nan Eilean le fòcas air àite na Gàidhlig ann an leasachaidhean eaconamach. Às dèidh foillseachadh na Ro-innleachd Nàiseanta airson Cruth-atharrachadh Eaconamach, stèidhich Rùnaire a' Chaibineit airson Ionmhas is an Eaconamaidh a bh' ann aig an àm, buidheann-obrach gus beachdachadh air cothroman eaconamach is sòisealta do choimhearsnachdan Gàidhlig bho chionn ghoirid. Tha a' bhuidheann-obrach a-nis air aithris. Tha Plana Nàiseanta nan Eilean cuideachd a' gabhail a-steach taic mhòr dhan Ghàidhlig ann an iomadh raon de bheatha phoblach.

Bidh diofar bhuidhnean a' foillseachadh aithisgean buaidh eaconamach gu cunbhalach, a' gabhail a-steach MG ALBA a tha a' sealltainn gu bheil na meadhanan Gàidhlig a' cur air adhart fàs nar coimhearsnachdan, agus aithisgean air buaidh nam Mòdan leis a' Chomunn Ghàidhealach. Tha fear de shruthan-obrach iomairt Adhartas nas luaithe air a bhith ag obair air ro-innleachdan agus iomairtean gus leasachaidhean a stiùireadh sa mhargaidh obrach agus san eaconamaidh. Tha Leasachadh Sgilean na h-Alba air aithisg fhoillseachadh air a' chuspair seo – fear de na gnìomhan sa phlana Ghàidhlig aige – a tha na bhunait airson obair leantainneach. Tha sruth-obrach san iomairt Adhartas nas Luaithe, a tha a' toirt air adhart na Gàidhlig ann an turasachd, cultar agus dualchas. Chruthaich VisitScotland a' chiad Ro-innleachd Turasachd riamh airson 2018-23 a chaidh fhoillseachadh ann an 2018. B' e seo fear de na gnìomhan sa phlana Ghàidhlig aca. Às dèidh foillseachadh a' phlana, stèidhich iad buidheann-obrach gus gnìomhan na ro-innleachd a thoirt air adhart le mu 30 buidheann an sàs ann, bho ghnìomhachasan coimeirsealta, buidhnean coimhearsnachd, buidhnean riaghlaidh cinn-uidhe a bharrachd air an roinn phoblaich. Bidh a' bhuidheann a' coinneachadh gu cunbhalach agus tha i air clàr-ama a shuidheachadh airson ath-nuadhachadh na ro-innleachd.

Na Meadhanan

Tha obair MG ALBA/BBC ALBA fhathast cudromach dhan Ghàidhlig aig diofar ìrean agus ann an diofar roinnean. Tha ìre fìor mhath de luchd-amhairc aig BBC ALBA, tha e air iPlayer agus chaidh naidheachdan BBC ALBA a leudachadh gu deireadh na seachdainean. 'S e co-fharpais filmichean goirid Gàidhlig a th' ann am FilmG, a tha a' brosnachadh agus a' cumail taic ri gach taobh de dh'fhilm, bho dhaoine òga gu proifeiseantaich sa ghnìomhachas.

Buidhnean Gàidhlig

Ged is dòcha gu bheil cus ann ri ainmeachadh, tha buidhnean Gàidhlig gnìomhach ann an iomadh raon leithid foillseachadh, taic phàrantan, ainmean-àite, leasachadh coimhearsnachd, dràma, ealainean, agus dualchas agus tha buidhnean gnìomhach ann a bhith a' toirt air adhart pròiseactan ùra gus taic a thoirt dhan Ghàidhlig ann an coimhearsnachdan.

Tha Comhairle nan Leabhraichean, agus foillsichearan leithid Acair, a' cur gu mòr ri leasachaidhean ann an sgrìobhadh agus bàrdachd, agus ri togail sgilean ann an deasachadh, eadar-theangachadh agus sgilean cruthachail eile. Chruthaich Hands Up for Trad a' chiad Seachdain na Gàidhlig a chaidh a chumail sa Ghearran. Ghabh mòran dhaoine air feadh an t-saoghail pàirt anns na tachartasan, na còmhraidhean agus na bùthan-obrach a chaidh a chumail air-loidhne, agus chruthaich iad ìomhaigh àrd airson na Gàidhlig anns na meadhanan sòisealta.

Corpais agus Bun-structair Cànanach

Gus beairteas agus buntainneachd na Gàidhlig a chumail suas, bidh grunn bhuidhnean a' coinneachadh ri chèile ann am Buidheann Obrach Acadamaidh na Gàidhlig. Tha a' bhuidheann-obrach seo na dhòigh èifeachdach anns an obraich buidhnean bun-structair cànanach còmhla gus co-obrachadh agus gus fiosrachadh is pròiseactan a cho-roinn. Tha fòcas aig a' bhuidhinn-obrach seo air ainmean-àite, eadar-theangachadh, teicneòlas, briathran nàdair, cainnt gu teacsa, briathrachas, gràmar, briathrachas curraicealaim agus dòighean litreachaidh. Tha a' bhuidheann-obrach cuideachd a' gabhail a-steach ùghdarrasan ionadail agus buidhnean nas motha leithid am BBC, Foghlam Alba, Ùghdarras Theisteanas na h-Alba, MG ALBA, oilthighean agus pròiseact Faclair na Gàidhlig gus faclair eachdraidheil a chruthachadh.

Chan urrainn dhan earrainn mu dheireadh seo, aig a' char as fheàrr, ach a bhith a' toirt iomradh air roghainn bheag de na pròiseactan Gàidhlig uile a tha a' dol air adhart ann an sgoiltean, coimhearsnachdan agus ann am beatha poblach. Tha sinn mothachail air tòrr phròiseactan luachmhor eile air nach deach iomradh sònraichte a thoirt gu h-àrd ach a tha fhathast nan deagh eisimpleirean de dh'obair agus dealas ro-chudromach. Tha na h-eisimpleirean seo uile a' sealltainn gu bheil taic dhan Ghàidhlig a' gluasad air adhart agus gum feumar a-nis barrachd adhartais a dhèanamh le bhith a' togail air an adhartas bho na bliadhnaichean mu dheireadh. 'S e sin amas a' Phlana seo.

Photography courtesy of:

- Julie Broadfoot
- Skye Commercial Photography
- Lucy Knott Photography
- Angus Forbes
- Sandie Photos

Gàidhlig **Toilichte conaltradh a dhèanamh ann an Gàidhlig no Beurla**
Happy to communicate in Gaelic or English